

Riathanasan Coimpiutaireachd

Thoir an aire nach eil i-Pad agus coimpiutairean-làimhe co-fhreagarrach leis an Àrainn Ionnsachaidh Air Loidhne againn.

Gus a' bhuannachd as fheàrr fhaighinn à cùrsa air astar, thathar a' moladh gum faigh thu na programan as ùire agus gu bheil an coimpiutair agad a' tighinn suas ris a' mhion-chomharrachadh a leanas:

a. Bathar cruaidh

Chan eil bathar cruaidh neo Siostam a tha a' ruith a' choimpiutair cho cudromach cho fad 's a tha na riathanasan ri leantainn agad:

- **Fuaim:** Gus na faidhleachan fuaim a chluich, feumaidh fuaim a bhith ag obair air a' choimpiutair, mar chairt-fhuaim neo air a' togail dhan motherboard. Feumaidh speakers neo fòn-cluaise a bhith ceangailte ris a' choimpiutaireachd.
- **Fòn-cluaise le microfòn aonaichte:** Airson measaidhean labhairteach a chlàradh leis na h-oileanaich
- **Ceangal Eadar-lìn:** Gus faighinn a-steach gu obair a' chùrsa agus airson taic rianachd. Tha Bann-leathann (ADSL, Cable neo eile) nas fheàrr na dial-up, gus luchdachadh a-nuas nam faidhleachan MP3 a dhèamh nas luaithe.
- **Clò-bhualadair:** Bidh e fada nas fhasa obair a' chùrsa a leughadh ma bhios na faidhleachan PDF air an clò-bhualadh.

b. Bathar bog

Chan eil am pasgan chleachdaidhean air a' choimpiutair cho cudromach cho fad 's a bhios na riathanasan ri leantainn agad.

- **Sealladair:** Tha feum air sealladair gus faighinn a-steach gu obair a' chùrsa. Tha na dreachan as ùire a' gabhail a-staigh :

Internet Explorer 7 www.microsoft.com

Firefox 2 www.mozilla.org

Opera 9.27 www.opera.com

Safari 3.1.1 www.apple.com/safari/

Konqueror 3.5.2 www.konqueror.org

- **Leughadair Adobe Acrobat PDF:** Feumaidh Adobe Acrobat a bhith air a' choimpiutair agad gus faidhleachan-obrach a' chùrsa a leughadh a tha ri am faighinn mar PDF. 'S e an dreach as ùire Adobe Acrobat Reader 8.1 a tha ri luchdachadh a-nuas bhon eadar-lìon aig www.adobe.com.

- **Cluicheadar MP3:** tha e cudromach gu bheil dòigh aig a' choimpiutair agad faidhleachan-fuaim MP3 a chluich. Nam broinn gheibhear pìos a' chùrsa a tha a' dèiligeadh ri fuaim. 'S e na dreachan as ùire: Windows Media Player 10.0; Winamp 5.53; Realplayer 10.5; QuickTime (Windows) 7.1.5; Quicktime (Mac) 7.0; & xmms 1.2.
- **Bathar bog airson Clàradh Fuaim:** Gus measaidhean a chlàradh air do choimpiutair tha bathar bog airson fuaim riatanach. Thathar a' moladh Audacity. Mur eil e agad mar-thà, 's urrainn dhut a luchdachadh a-nuas saor an-asgaidh aig <http://audacity.sourceforge.net/>
- **Cunntas Post-d:** Feumaidh cunntas post-d a bhith aig an oileanach gus cothrom a thoirt do sgioba a' Chùrsa còmhraidh a dhèanamh ris an oileanach.

Tha e suas ris an oileanach fhèin dèanamh cinnteach gu bheil an coimpiutair aca comasach na prògraman as ùire a ruith.